



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

AR PLANA RO-INNLEACHDAIL

2020 gu 2023



CLÀR-INNSE



Loch an Eilein, Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Facal-toisich	03
Carson a tha fearann cudromach	04
Tìr, an eaconamaidh agus neo-ionannachd	04
Tìr agus còraichean daonna	05
Tìr agus atharrachadh cliomaid	05
Ath-leasachadh fearainn agus Coimisean Fearainn na h-Alba	06
Cò sinn agus na tha sinn a' dèanamh	06
Ar ro-innleachd	07
Na choileanas sinn	08
Mar a libhrigeas sinn am plana ro-innleachdail seo	11
Prògram obrach	12
A' cruthachadh na buidhne a mhiannaicheas sinn	13
Ro-innleachd ionmhasail	14
A' tomhas soirbheachas	15
Earr-ràdh 1 – Prògram obrach	16

FACAL-TOISICH

'S e a bhith a' faighinn thairis air agus ag ùrachadh an dèidh Covid-19 am fòcas nàiseanta a bhios aig Alba anns na trì bliadhna a tha romhainn, agus tha am plana ro-innleachdail seo a' freagairt air an dùbhlán sin.

Tha am plana a' cur an cèill mar a chuireas sinn taic ri slànachadh gu bhith na 'eaconamaidh le sunnd' (faic gu h-iseal) a tha cothromach agus uaine, a' cuideachadh gu Alba a chruthachadh a:

- Bhrosnaicheas fàs eaconamach in-ghabhalach
- Lùghdaicheas neo-ionannachd
- Chuireas taic ri gnìomhan an aghaidh atharrachadh cliomaid agus ri eadar-ghluasad cothromach
- Chumhachdaicheas daoine agus coimhearsnachdan gus atharrachadh deimhinneach a thoirt gu buil.

Fiù 's ro Covid-19, bha Alba air tòiseachadh air dè bha soirbheachas a' ciallachadh dhuinn mar nàisean ath-mhìneachadh, a' stiùireadh gluasad gu ruige eaconamaidh le sunnd. Tha seo a' ciallachadh eaconamaidh far a bheil càileachd beatha agus sunnd an t-sluaigh cho cudromach ri GDP (Làn-thoradh Dùthchail), a bhios a' tomhas meudachd eaconamaidh dùthcha.

Tha ro-innleachd eaconamach Riaghaltas na h-Alba soilleir ann a bhith a' toirt an aon chudrom do bhith a' dèiligeadh le neo-ionannachd agus a bhith a' brosnachadh farpaiseachd eaconamach. Tha eaconamaidh le sunnd ag amas air sgaoileadh cothromach beairteis, slàinte agus cumhachd a choileanadh.

Anns an deichead seo, feumaidh cuideachd atharrachaidhean mòra a bhith ann gus an tèid aig Alba air na targaidean adhartach airson na cliomaid airson 2030 a choileanadh, gus a bhith air an t-slighe airson eaconamaidh iomlanachd neoni a bhith ann ro 2045. Tha a bhith ag atharrachadh na dòigh anns am bi sinn a' cleachdadh talmhainn deatamach a thaobh a bhith a' coileanadh nan targaidean sin. Mar phàirt de dh'eadar-ghluasad chothromach, feumaidh sinn astar agus sgèile an atharrachaidh a choileanadh agus na h-atharrachaidhean sin a dhèanamh ann an dòighean a tha cothromach agus a bhios a' cruthachadh chothroman eaconamach.

Aig an aon àm, bidh Alba a' dèiligeadh ri buaidh fàgail na RA bhon Aonadh Eòrpach, a' gabhail a-steach atharrachaidhean ann am frèaman-obrach riaghladh àrainneachdail, malairt, agus a' sealltainn thairis air Poileasaidh Coitcheann an Àiteachais – a h-uile gin a dh'fhaodadh buaidh mhòr a thoirt air cleachdadh fearainn agus margaidhean fearainn.

Tha planaichean slànachaidh na h-Alba a' toirt cothrom dhuinn air atharrachadh, agus tha feum air gnìomhan dàna gus cruth-atharrachadh a thoirt air eaconamaidh na dùthcha. Tha na dòighean anns am bi sinn a' gabhail sealbh agus a' cleachdadh fearainn aig teis-meadhan miannan ar dùthcha airson gnìomhan cliomaid, a' leasachadh bun-structar, ath-nuadhachadh agus fàs, agus A bhith a' toirt cumhachd do roinnean, mhòr-bhailtean, bhailtean, choimhearsnachdan, agus daoine fa-leth gus atharrachadh a thoirt gu buil. Tha am plana ro-innleachdail seo a' cur aire air far an urrainn cleachdadh fearainn a' bhuidh as motha a thoirt gus atharrachadh, slànachadh agus ath-nuadhachadh a bhrosnachadh.



Andrew Thin
Neach-cathrach



Hamish Trench
Àrd-oifigear



CARSON A THA FEARANN CUDROMACH

Tha fearann cudromach a chionn 's gu bheil sinn uile ga chleachdadh agus a' cur feum air. Tha an dòigh anns am bi sinn a' gabhail sealbh agus a' cleachdadh fearainn a' toirt buaidh air mòran phàirtean dhe ar beatha:

Cosgais agus faotainneachd de thaigheadas, ar ruigsinneachd air talamh uaine, buaidh air làraichean fàs ann an cridheachan ar coimhearsnachdan, ar comasan air targaidean cliomaid a choileanadh, agus a bheil an cothrom no a' mhisneachd aig daoine gus gnìomhachasan agus coimhearsnachdan a thogail.

Tha suim stèidhte de dh'fhearann againn, ach tha an liosta de dh'fheumalachdan a' sìor fhàs. Feumaidh sinn na buannachdan bho fhearann na h-Alba a roinn ann an dòigh nas fharsainge thar ar sluaigh a tha a' fàs agus ag atharrachadh.



Airceil, Asainte

Fearann, an eaconamaidh agus neo-ionannachd



Tha fearann aig teis-meadhan eaconamaidh na h-Alba, agus ar slànachadh eaconamach bho Covid-19. Feumaidh sinn cleachdadh nas fheàrr a dhèanamh dhen talamh againn gus luach a libhrigeadh airson sluaigh na h-Alba. An cois cosnadh agus in-bheisteadh, tha fearann air leth cudromach ann a bhith a' stiùireadh eaconamaidh tharbhadh. Tha margaidhean obrach agus in-bheisteadh air an riaghladh agus air an ùrachadh gu tric, ach tha cruaidh fheum air ar margaidhean fearainn ùrachadh, na dòighean anns am bi sinn a' cur luach agus ag iomlaid chòraichean fearainn eadar phàrtaichean.

Aig cnag na cùise, 's e ceist eaconamach a tha san dòigh anns am faighear làn fheum às an fhearann - goireas stèidhte. Tha an suidheachadh stèidhte aig fearann a' ciallachadh gu bheil e comasach do dhaoine aig a bheil smachd air barrachd a chosnadh bhuaithe na b' urrainn dhaibh fhaighinn às nam biodh a' mhargaidh farpaiseach. Tha seo air ciallachadh gu bheil barrachd dùmhlachd beairteis anns a' chomann-shòisealta a' ciallachadh builean sòisealta agus eaconamach nas bochda.

Tha margaidean a bhios ag obair gu h-èifeachdach a' toirt bhuannachdan fìor dhan chomann-shòisealta. Ach, tha fàiligidh margaidh ann gu tric, le talamh air a reic airson fada bharrachd air an luach eaconamach no gun a bhith air a reic idir air sgàth luachan ìseal an fhearainn. Gun ùrachadh, cha bhi Alba cho soirbheachail 's a dh'fhaodadh i a bhith. Thèid againn air toirt air margaidean obrachadh nas fheàrr, a' leasachadh an èifeachdais agus an cothromachd, le bhith a' coimhead air far a bheil iad a' fàiligidh agus a' cur an cèill ghnìomhan gus luach, a bhiodh air a chall mura tachradh e, a chruthachadh agus a roinn.

Tha e a-nis air aithneachadh gu farsaing gu bheil neo-ionannachd air ìre a ruigsinn far a bheil e a' toirt buaidh air fàs eaconamach. Tha a bhith a' dèiligeadh le neo-ionannachd cudromach air adhbharan eaconamach cho math ri adhbharan sòisealta – tha a bhith a' cur fearann air ais aig cridhe ar modail eaconamach na dhòigh èifeachdach air seo a dhèanamh.





Fearann agus còraichean daonna

Tha prògram ath-leasachadh fearainn na h-Alba stèidhte ann am frèam-obrach chòraichean daonna. Feumaidh sinn beachdachadh air còraichean sheilbheachdan – pàirt cho deatamach dhe ar n-eaconamaidh – an cois ùidh a’ phobail ann a bhith a’ toirt gu buil chòraichean eaconamach, shòisealta agus chultarach.

Tha na sia prionnsapalan aig [Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn](#) na h-Alba a’ mìneachadh mar bu chòir dhan dàimh eadar fearann agus an sluagh còraichean a choileanadh, dleastanasan agus buannachdan a cho-roinn am measg buidheann nas

fharsainghe de dhaoine. Ma tha na dòighean anns an gabh sinn sealbh agus anns an cleachd sinn fearann a’ toirt – seach a bhith a’ cuingealachadh – chothroman do bharrachd dhaoine gus buannachd fhaighinn à deagh chàileachd thaigheadais agus àrainneachd, cosnadh, gnìomhan eaconamach agus coimhearsnachdan air an cumhachdachadh, tha seo a’ sealltainn gu bheil sinn a’ dèanamh adhartas ann a bhith a’ coileanadh nan còraichean daonna eaconamach, shòisealta agus cultarach a tha Pàrlamaid na h-Alba air a chur aig cridhe modh-obrach na h-Alba a thaobh fearann na h-Alba.



Fearann agus atharrachadh cliomaid

Tha cleachdadh fearainn deatamach ann a bhith a’ coileanadh targaidean cliomaid adhartach na h-Alba. Tha Comataidh na RA air Atharrachadh Cliomaid a’ cur an cèill na pàirt deatamaich aig cleachdadh fearainn, gu sònraichte a thaobh a bhith a’ cruthachadh choilltean, ag ath-bheothachadh talamh mònaidh agus a bhith a’ cruthachadh bun-structar uaine, agus a tha a’ comharrachadh chothroman do dh’Alba gus stiùireadh agus ath-leasachadh a thoirt air a’ ghluasad gu ruige eaconamaidh iomlan neoni. Bidh cuid dhe seo a’ cur feum air atharrachadh anns an dòigh anns a bheil fearann air a chleachdadh, bidh cuid dhe a’ cur feum air ùr-ghnàthachadh

ann am modhan gnothachais, agus bidh cuid dhe a’ cur feum air modhan riaghlaidh ùra gus ùidh an t-sluaigh a ghluacadh air mar a bhios fearann air a chleachdadh.

Coltach ri ùine sam bith de dh’atharrachadh agus de dh’eadar-ghluasad, nochdaidh cunnartan agus cothroman ùra, dìreach mar a nochdas ceistean ùra mu cò gheibh buannachd agus cò as urrainn buaidh a thoirt air an atharrachadh. Bidh sinn deiseil airson Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba a chur an sàs gus iùl a thoirt dhan eadar-ghluasad gu ruige coileanadh nan targaidean cliomaid.



ATH-LEASACHADH FEARAINN AGUS COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Tha ath-leasachadh fearainn a' ciallachadh a bhith a' toirt atharrachadh air frèam-obrach còraichean, sealbh agus cleachdadh fearainn agus air na dòighean anns a bheil margaidhean fearainn ag obair. Tha e mu bhith a' toirt atharrachadh air laghan agus poileasaidh, cho math ri bhith ag atharrachadh cultar agus cleachdadh. Tha ath-leasachadh fearainn buntainneach do dh'fhearann agus do shluagh na h-Alba gu lèir, an dà chuid ann an sgìrean bailteil agus dùthchail.

Feumaidh an dòigh anns am bi sinn a' sealbh agus a' cleachdadh fearainn cumail suas ris na feuman agus na dùilean a bhios a' sìor ghluasad. Tha seo gu sònraichte buntainneach aig amannan mar seo nuair a tha feumalachdan ar comann-sòisealta ag atharrachadh gu luath.

Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson ceannardas a thaobh ath-leasachadh fearainn. Thar nam 20 bliadhna mu dheireadh tha Pàrlamaid na h-Alba air sreath de dh'ath-leasachaidhean a libhrigeadh a thaobh sealbhachd fearainn ath-nuadhachadh gus farsaingeachd nam buannachdan bho fhearann na h-Alba a sgaoileadh nas farsainge. Tha ath-leasachadh fearainn na phròiseas leantainneach agus tha barrachd ri dhèanamh. Tha Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba ann an 2017 a' toirt seachad frèam-obrach cumhachdail gus iùl a thoirt dhan ath-leasachadh seo.

Cò sinn agus na tha sinn a' dèanamh

Is sinne Coimisean Fearainn na h-Alba. 'S e an ròl againn a bhith a' brosnachadh dhòighean smaoineachaidh ùra agus atharrachadh anns an dòigh anns am bi sinn mar dhùthaich a' cleachdadh fearainn, agus gus riaghaltas na h-Alba a chomhairleachadh air prògram leantainneach de dh'ath-leasachadh fearainn. Cho math ri bhith a' toirt comhairle agus molaidhean air lagh agus poileasaidh, bidh sinn a' toirt ceannardas agus atharrachadh sa chultar agus sa chleachdadh.

'S e buidheann phoblach neo-roinneil a th' againn, a chaidh a stèidheachadh anns a' Ghiblean 2017 le Achd Ath-leasachadh Fearainn (Alba) 2016 (An Achd). Tha ar bòrd air a dhèanamh an àirde le còignear choimiseanairean fearainn agus le aon Choimiseanair Tuathanais Màil, uile air an cur an dreuchd le Ministearan na h-Alba agus le sgioba bheag gus taic a chumail riutha. Tha na dleastanasan reachdail aig Coimiseanairean Fearainn agus Coimiseanairean Tuathanais Màil air am mìneachadh anns an Achd.

'S e seo an dàrna plana ro-innleachdail againn. Chaidh a' chiad phlana ro-innleachdail againn, 'A Dèanamh Barrachd le Fearann na h-Alba' aontachadh le Ministearan san t-Sultain 2017. Thar nan trì bliadhna mu dheireadh tha sinn air prògram susbainteach de rannsachadh agus de dhol an sàs leis an t-sluagh a libhrigeadh, a' dèanamh mholaidhean air atharrachaidhean air lagh agus poileasaidh, agus a' brosnachadh atharrachaidhean nas bunaitiche ann an cultar agus ann am modhan.

Tha ar n-obair air fianais is tuigse chudromach a thoirt seachad air na h-ath-leasachaidhean a bheir taic do dh'ùrachadh agus ath-nuadhachadh eaconamaidh na h-Alba. Tha fòcas a' phlana seo airson na trì bliadhna a tha romhainn air a stiùireadh leis an obair agus leis a fhiosrachadh a tha againn gu ruige seo, cuide ri dol an sàs le luchd-ùidh agus leis a' phoball.



AR RO-INNLEACHD

Ar Sealladh

Gum bi siostam seilbh, rianachd is cleachdadh fearainn againn a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach agus a bheir buannachdan nas fheàrr do mhuinntir na h-Alba air fad.

Ar builean

Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh nam builean a leanas:

1

Tha sealbh air fearann na h-Alba agus tha e air a chleachdadh ann an dòighean a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach

2

Tha cothrom air barrachd de shluagh na h-Alba buaidh a thoirt agus sochairean fhaighinn bho cho-dhùnaidhean mu fhearann

3

Tha an dòigh anns am bi sinn a' cleachdadh fearann na h-Alba a' cruthachadh luach poblach agus sunnd eaconamach

Bidh sinn a' coileanadh nam builean sin le bhith a' cur aire air atharrachadh ann an trì dòighean:

Ath-leasachadh còraichean fearainn

A' leabachadh sealbh agus cleachdadh fearainn ciallach

Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn

Tha sinn a' cur ri

Tha na builean a tha air an cur an cèill mu choinneamh seo a' cur ri builean coileanaidh an fhrèam-obrach nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba agus ris na h-amasan leasachaidh seasmhach aig na Dùthchannan Aonaichte.

Builean frèam-obrach coileanadh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba:



Eaconamaidh



Àrainneachd



Coimhearsnachdan



Còraichean Daonna

Amasan leasachadh seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte:



Mòr-bhailtean Seasmhach



Neo-ionannachdan air an lùghdachadh



Gnìomhan Cliomaid



Beatha air an Talamh



Obair Reusanta is Fàs Eaconamach



Na bhios sinn a' lìbhrigeadh

Tha an earrann seo a' cur an cèill ar n-amasan agus na choileanas sinn thar nan ath trì bliadhna.

Ag ath-leasachadh còraichean fearainn

Ar n-amas:

ath-leasachadh a thoirt air na dòighean anns a bheil còraichean agus sealbh fearainn air an smachdachadh gus luach eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail a lìbhrigeadh, gus ath-leumachd coimhearsnachd a neartachadh agus gus neo-ionannachdan a lùghdachadh.

Tha na dòighean anns a bheil còraichean fearainn air an cur an sàs a' toirt buaidh air sgaoileadh cumhachd, beartas, ghòireasan agus shochairan thar tòrr dhen eaconamaidh againn. Tha Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba ag amas air dèanamh cinnteach gum faigh barrachd dhaoine buannachd bho chòraichean fearainn, a' cuideachadh gus còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarach a choileanadh. Tha frèam-obrach còraichean fearainn èifeachdach deatamach airson coimhearsnachdan a chumhachdachadh agus gus eaconamaidh ath-leumach agus tharbhach a chruthachadh.

Cho math ri bhith a' dèiligeadh ri cumhachd monopolaidh agus a bhith a' cur taic ri barrachd sealbh coimhearsnachd air talamh, tha feum air modailean riaghlaidh ùra as urrainn barrachd bhuannachdan a thoirt gu buil. Tha an sgrùdadh againn air eòlasan eadar-nàiseanta a' sealltainn chothroman bho mhodailean ùra de smachd co-roinnte agus barrachd sealbh le daoine fa-leth.

Nì sinn	Clach-mhìle adhartais
Pàtran sealbh fearainn nas measgaichte agus nas tarbhaiche a bhrosnachadh	Molaidhean poileasaidh fhoillseachadh
Modailean riaghlaidh ùra a bhrosnachadh a bheir leudachadh air an raon de dhaoine a gheibh buannachd bho chòraichean fearainn agus a dh'adhbhraicheas barrachd tarbhachd	Stiùireadh cleachdaidh agus eisimpleirean sgrùdaidh fhoillseachadh agus a dhol an sàs le roinnean sealbh fearainn gus taic a chur ri modailean ùra
Dèiligeadh ris an dàimh chòraichean daonna eadar còraichean seilbh agus a bhith a' coileanadh chòraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail	Beachdan agus sgrùdadh eòlaichean fhoillseachadh

Cuiridh an obair seo gu sònraichte ri amasan na h-Alba airson a bhith a' tilleadh sluagh gu sgìrean dùthchail, a' toirt seachad fearann airson taigheadais agus bun-structar, slànachadh agus ùrachadh eaconamach, togail beartas coimhearsnachd agus sealbh fearainn coimhearsnachd.



A' leabachadh sealbh agus cleachdadh fearainn ciallach

Ar n-amas: gus modhan cunntachail agus ciallach a chur aig cridhe sealbh agus cleachdadh fearainn.

Faodaidh sinn tòrr a choileanadh tro bhith a' cuideachadh dhaoine agus bhuidhnean gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu shealbh agus cleachdadh fearainn ann an dòighean a tha a' cuideachadh gus prionnsapalan Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearann na h-Alba a choileanadh. Cumaidh sinn air aire a chur air atharrachadh neo-reachdail agus air daoine agus buidhnean a chuideachadh gus protocòilean Còraichean agus Dleastanasan Fearainn a chur an sàs. Tarraingidh sinn air an eòlas agus air an fhianais seo gus Pàrlamaid a chomhairleachadh air an sgrùdadh a tha san amharc air Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn, agus gus a chomhairleachadh a bheil modhan reachdail a dhith.

Tha an dòigh anns a bheil fearann air a chleachdadh ag atharrachadh thar ùine agus tha coltach gum bi astar an atharrachaidh a' dol nas luaithe gus targaidean clìomaid agus slànachadh eaconamach na h-Alba a choileanadh. Tha e fiù 's nas cudromaiche gu bheil co-dhùnaidhean air fearann in-ghabhalach agus cunntachail, gu bheil iad a' toirt feart air beachdan iadsan air an toir iad buaidh, agus gum bi iad a' cuideachadh gus builean a tha gu math an t-sluaigh a choileanadh.

Leanaidh an Coimiseanair Tuathanas Màil air taic a chur ri deagh dhàimhean eadar uachdarain àiteachais agus luchd-màil, a' brosnachadh dol a-mach ciallach tro Chòdan Gnìomh agus tro stiùireadh. Tha an t-eòlas bho bhith a' libhrigeadh gnìomhan Coimiseanair Tuathanas Màil gu bhith a' fiosrachadh ar n-obair anns an fharsaingeachd gus còraichean agus dleastanasan fearainn a leabachadh ann an roinnean cleachdadh fearainn eile.

Nì sinn	Clach-mhìle adhartais
Daoine agus buidhnean a'cuideachadh gus prionnsapalan Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba a chleachdadh le bhith a' cur taic ri deagh chleachdadh	Barrachd dhaoine ag ràdh gu bheil iad an sàs ann agus a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean mu fhearann
	Barrachd cleachdaidh air Protocòilean Còraichean agus Dleastanasan Fearainn
Sealltainn air dòighean gus barrachd a dhèanamh gus barrachd mu chòraichean agus dleastanasan fearainn a chur ann am poileasaidh poblach agus ann an dol a-mach gnothachais ciallach thar gach raon buntainneach	Bidh buidhnean poblach a' sealltainn prionnsapalan Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn nam poileasaidhean agus nan gnìomhan
	Comhairle a thoirt dhan Riaghaltas gus sgrùdadh còig-bhliadhna air Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn fhiosrachadh
Taic a chur ri siostam de ghabhaltachd àiteachais a tha ag obair ann an dòigh nas fheàrr tro obair Coimiseanair Tuathanas Màil	Aithris air ìrean riarachais a thaobh luach a chaidh a libhrigeadh tro gnìomhan Coimiseanair Tuathanas Màil

Cuiridh an obair seo gu sònraichte ri amasan na h-Alba a thaobh a bhith a' cumhachdachadh choimhearsnachdan agus a bhith a' brosnachadh chòraichean daonna, a' cur taic ri atharrachaidhean anns na dòighean anns a bheil fearann air a chleachdadh anns a' ghluasad gu ruige eaconamaidh iomlan neoni. Tha e mar bhunait air na buannachdan a gheibh coimhearsnachdan agus an eaconamaidh bho chothromachadh èifeachdach air còraichean agus dleastanasan fearainn.

Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn

Ar n-amas:
gus èifeachdas agus ionannachd margaidhean fearainn a leasachadh gus taic a chur ri eaconamaidh chothromach agus tharbhach.

Tha margaidhean èifeachdach air an deagh riaghladh agus fosgailte, agus tha farsaingeachd dhaoine an sàs annta, agus chan eil ach beagan bhacaidhean aca a chuireas stad air daoine bho bhith a' dol an sàs annta. Mar a tha Alba ag ath-thogail eaconamaidh nas làidire an dèidh mòr-ghalair Covid-19, bidh ath-leasachaidhean air margaidhean fearann na h-Alba ag obair gu h-èifeachdach gu luach poblach a chruthachadh a' fàs fiù 's nas cudromaiche. Gun ath-leasachadh, cha chruthaich fearann na h-Alba an soirbheachas a dh'fhaodadh e.

Tha luachan fearainn cudromach do mhòran a thaobh cùisean co-cheangailte ri amasan ath-leasachadh fearainn, gu sònraichte anns an dòigh anns am bi iad a' toirt buaidh air mar a tha fearann air a chleachdadh gu tarbhach agus mar as urrainn do bharrachd dhaoine buannachd fhaighinn bho bhith a' sealbh no a' cleachdadh fearainn.

Nì sinn sgrùdadh air an ròl aig fearann ann a bhith a' cruthachadh agus a' co-roinn luach poblach, ag ath-leasachadh gus barrachd ghnìomhan eaconamach a chur an sàs, agus gus luchd-seilbh a bhrosnachadh gus fearann a chleachdadh ann an dòigh a tha na bhuanachd dhan chomann-shòisealta. Tha sinn an dùil gum bi poileasaidh chìsean agus ionmhais ann am prìomh aire an Riaghaltais a thaobh an dà chuid teachd-a-steach poblach agus ann a bhith a' brosnachadh atharrachaidhean ann an cleachdadh.

Nì sinn	Clach-mhìle adhartais
Atharrachaidhean ann an siostam nan cìsean a chomharrachadh gus taic a chur ri slànachadh agus ùrachadh, gu sònraichte a thaobh ath-nuadhachadh meadhan bhailtean, a' brosnachadh cleachdadh fearainn gnìomhach agus iomadachd seilbh	Buidheann comhairleachaidh luchd-eòlais a stèidheachadh Comhairle a thoirt dhan Riaghaltas air roghainnean airson ath-leasachadh chìsean
Sgrùdadh a dhèanamh air dòighean luachadh fearainn, a' gabhail a-steach chùisean a tha a' toirt buaidh air an dìofar eadar luachan margaidh agus luachan eaconamach, agus cùisean a bu dòcha a bheireadh buaidh air luachan fearainn anns an àm ri teachd, gu sònraichte agus sinn a' gluasad gu ruige eaconamaidh iomlan neoni	Dol an sàs le luchd-ùidh, foillseachadh phàipearan deasbaid agus iùl cleachdaidh
Roghainnean prataigeach a chomharrachadh airson ath-leasachadh margaidhean fearainn gus dèanamh cinnteach gu bheil fearann air a chleachdadh nas fheàrr gu math an t-sluaigh	Molaidhean a thoirt dhan Riaghaltas

■ Cuiridh an obair seo gu sònraichte ri amasan na h-Alba airson fàs uaine agus in-ghabhalach, eadar-ghluasad cothromach gu eaconamaidh iomlan neoni, ath-nuadhachadh dùthchail agus bailteil agus lìbhrigeadh bun-structar.

MAR A LIBHRIGEAS SINN AM PLANA RO-INNLEACHDAIL SEO

Tha an ròl againn a' gabhail a-steach ceannardas agus atharrachadh cultarail le fuincseanan reachdail gus sgrùdadh agus comhairle a thoirt air atharrachaidhean ann an lagh agus ann am poileasaidh.

Tha na h-eileamaidean sin dhen ròl againn a' dol làmh ri làimh, agus bidh feum aig ath-leasachadh leantainneach air pasgan de dh'atharrachaidhean ann an cleachdadh cho math ri gnìomhan reachdail. Mura bheil atharrachadh cultair fhèin gu leòr, molaidh sinn atharrachaidhean anns an lagh.

Bidh ar n-obair stèidhte air an dealas againn a thaobh ceannardas, fosgailteachd agus dol an sàs. Cuiridh sinn farsaingeachd de dhaoine an sàs gus ar cuideachadh gus tuigsinn carson a tha cùisean fearainn cudromach dhaibhsan, agus gus smaoineachadh ùr a bhrosnachadh anns a' phrògram de dh'ath-leasachadh. Bidh sinn fosgailte nar cuid obrach, agus bidh sinn a' sùileachadh gum bi ceistean air an togail agus togaidh sinne ceistean gus cuideachadh gus farsaingeachd nas motha de ghuthan a chluinntinn.



Libhrigidh sinn ar ro-innleachd le bhith a' dèanamh na leanas:



A' Rannsachadh agus a' sgrùdadh

Bheir sinn seachad fianais agus anailis, a bheir comhairle agus molaidhean do Mhinistearan na h-Alba, do Phàrlamaid agus do luchd-ùidh



A' stiùireadh atharrachadh ann an cleachdadh

Cuiridh sinn dùilean soilleir agus taic an sàs gus daoine agus buidhnean a chuideachadh gus prionnsapalan Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba a chur an sàs



A' cur feadhainn eile an sàs agus a' cruthachadh chom-pàirteasan ro-innleachdail

Cuiridh sinn am poball agus luchd-ùidh an sàs anns an obair againn agus togaidh sinn com-pàirteasan ro-innleachdail gus àrdachadh a thoirt air buaidh na h-obrach againn



A' cumail taic ri Coimiseanair Tuathanas Màil

Libhrigidh sinn fuincseanan reachdail Coimiseanair uathanas Màil mar phàirt dhen bhuidhinn againn



Prògram obrach


Tha am prògram obrach againn (**Earr-ràdh 1**) a' mìneachadh na h-obrach a nì sinn gus ar plana ro-innleachdail a libhrigeadh. Tha e a' comharrachadh na h-obrach a tha sinn an dùil a chur an sàs anns na trì bliadhna a tha romhainn, agus na prìomhachasan againn gus taic a chur ris na h-ath-cheuman ann an slànachadh agus ath-nuadhachadh eaconamaidh na h-Alba.

Tha sinn uile ag obair ann an àrainneachd a tha ag atharrachadh gu luath. Tha sinn an dùil ùrachadh cunbhalach a dhèanamh air ar prògram obrach gus am bi sinn fhathast buntainneach agus air chomas freagairt ri atharrachaidhean ann am prìomhachasan agus ann an cothroman.

Comharraichidh na planaichean gnothachais bliadhnail againn mar a chleachdas sinn ar goireasan ann an gach bliadhna ionmhais gus ar prògram obrach agus ar plana ro-innleachdail a libhrigeadh.



Structar ar libhrigidh



A' CRUTHACHADH NA BUIDHNE A BU MHIANN LEINN

Tha ar prìomh luachan a' cur taic ris na tha sinn a' dèanamh agus mar a tha sinn ag obair:



Ionracas

Tha sinn ag obair do agus tha sinn cunntachail do mhuinntir na h-Alba



Dùbhlán

Tha sinn a' cur dùbhlán mu ar coinneamh fhìn agus mu choinneamh dhaoine eile gus atharrachadh a stiùireadh



Ùr-ghnàthachadh

Tha sinn a' cruthachadh smaoineachadh a tha àrd-amasach agus adhartach



Cumhachdachadh

Tha sinn gar brosnachadh fhìn agus feadhainn eile gus amasan na h-Alba a thoirt gu buil tro ath-leasachadh fearainn

Tha sinn a' cur cuideam mòr air a bhith nar buidheann a tha ruigsinneach agus fosgailte dhan t-sluagh agus tha sinn a' cumail oirnn le bhith a' cruthachadh lìonraidhean a tha a' cur taic agus a' cur dùbhlán air an luchd-ùidh. Leanaidh sinn air a bhith a' sealltainn a-mach agus ionnsaichidh sinn bho dhaoine eile ann an Alba agus bhon chòrr dhen t-saoghal.

Bha a' chiad ro-innleachd leasachadh buidhne againn mu bhith a' cruthachadh buidheann ùr. Anns na trì bliadhna a tha romhainn leanaidh an ro-innleachd againn air le bhith a' leasachadh ar soibheachais agus ar buaidh.

Nì sinn na leanas	Clach-mhìle adhartais
Sgrùdadh a dhèanamh air an stuctar buidhne againn gus cultar a chruthachadh de cheannardas agus de dh'ùallachaidhean cho-roinnte	Structar buidhne ùraichte ann an gnìomh
Luchd-obrach brosnachail agus cumhachdaichte a thàladh agus a chumail (a' gabhail a-steach a bhith a' sireadh cothroman fo-fhastachd agus com-pàirteachaidh)	Prògram leasachadh luchd-obrach an sàs
Cuir co-ionannachd aig cridhe ar co-dhùnaidhean, a' sealltainn ar dealas a thaobh co-ionannachd agus iomadachd	Diùtaidh air a chur a-steach dha na co-dhùnaidhean agus trèanadh luchd-obrach
Plana Gnìomh Cliomaid a chur an sàs a chuireas oirnn a bhith ag obair le cur a-mach eimiseanan neoni aig 2030	Lùghdachaidhean bliadhna an dèidh bliadhna ann an eimiseanan

Ro-innleachd ionmhais








Bidh an ro-innleachd ionmhais againn a' cumail air smachdan làidir a chumail air na cosgaisean stèidhte againn, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn cho làidir agus sùbailte agus a ghabhas.

Tha sinn an dùil gun cùm an obair againn a bhith air a maoineachadh le airgead a gheibhear bho Riaghaltas na h-Alba (tabhartas gus cuideachadh). Coimheadaidh sinn airson dòighean èifeachdach gus taic a chur ri ar n-obair, mar eisimpleir tro sheirbheis cho-roinnte far a bheil sin iomchaidh.




Tha Riaghaltas na h-Alba air £1.526 millean a chur mu ar coinneamh airson 2020-2021. Tha mar a tha sinn am beachd am buidseat a chosg air a mhìneachadh gu h-ìosal le cosgaisean luchd-obrach agus pròiseactan air an cur mu choinneamh raointean obrach.

Thar nan trì bliadhna tha sinn am beachd an cothromachadh seo de chosgais a chumail uile gu lèir. Le bhith a' cumail smachd air na prìomh chosgaisean againn, nì sinn gu leòr airson am prògram obrach a lìbhrigeadh agus gus atharrachadh a rèir atharrachaidhean anns an t-suidheachadh.

Raointean cosgais:

-  Cosgaisean Choimiseanairean
-  Prìomh chosgaisean luchd-obrach
-  Seirbheisean Corporra
-  Còraichean Fearainn
-  Sealbh agus cleachdadh fearainn a tha ciallach
-  Margaidhean fearainn
-  Tuathanasachd màil

Roinneadh a' bhuidseat



A' tomhas soirbheachas

Thar ùine a' phlana ro-innleachdail seo, tha ar n-aithisg bhliadhnail agus na cunntasan a' dol a chlàradh ar cuid adhartais agus bheir e cunntas air mar a tha sinn a' coileanadh nan prìomh thaisbeanair coileanadh (KPlan).

Raon gnothachais	Prìomh thaisbeanair coileanadh
A' toirt comhairle dhan Riaghaltas air prìomh raointean obrach	95% de bhuilean air an libhrigeadh mar a chaidh a chomharrachadh anns na planaichean gnothachais bliadhnail thar nan trì bliadhna
Dol an sàs air còraichean fearainn agus dleastanasan	Àrdachadh air a thomhas ann an cleachdadh Protcòilean Còraichean agus Dleastanasan Fearainn tro obair-cùise agus luchd-ùidh
	Gabhail ri Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn le buidhnean poblach
	Àrdachadh ann an aithne agus ìre dol an sàs le co-dhùnaidhean a' buntainn ri fearann bho bhun-ìre 2019 airson nan suirbhidhean dol an sàs coimhearsnachd
Fios air ais bho luchd-ùidh air buaidh obair a' Choimisein	Tha sgrùdaidhean phròiseactan a' comharrachadh buaidh agus atharrachadh ann an dòigh-obrach an luchd-ùidh mar thoradh dìreach air obair a' Choimisein
	Àrdachadh de 15% ro 2023 ann an luchd-ùidh a tha a' comharrachadh leasachaidhean agus builean nas fheàrr anns a' bhuidhinn agus anns an obair aca mar thoradh air raon-obrach a' Choimisein bho bhun-ìre 2019 ann an sgrùdadh bheachdan
Sunnd agus sàsachd an luchd-obrach	Àrdachadh de 15% ro 2023 de luchd-obrach a' faireachdainn gu bheil luach air a chur annta airson an cuid obrach bho bhun-ìre 2019 ann an suirbhidh bliadhnail an luchd-obrach
Coileanadh ionmhasail	Cosgais deireadh bliadhna gu bhith taobh a-staigh fo-chosgais de 2% den bhuidseat iomlan chomharraichte ro 2023

EARR-RÀDH 1

Prògram obrach 2020-23

Tha am prògram obrach seo a' cur an cèill nam prìomh raointean obrach a tha sinn am beachd a ghabhail gus ar plana ro-innleachdail a chur an gnìomh. Tha sinn ag obair ann an ùine de dh'atharrachadh air leth luath agus nì sinn ùrachadh bliadhnaile air ar prògram obrach, gus am bi ar n-obair a' cumail air freagairt air na prìomhachasan agus na cothroman a tha a' sìor atharrachadh.

Ag ath-leasachadh còraichean fearainn

Prìomhachasan	Bliadhna
Comhairle a chrìochnachadh air cùisean reachdail a thathar a' moladh gus dèiligeadh ri sealbh fearainn dùmhlaichte gus an ath Phàrlamaid fhiosrachadh	2020
Sgrùdadh a dhèanamh air ath-leasachaidhean cìse agus ionmhais gus taic a chur ri pàtran nas iomadaiche agus nas tarbhaich de chleachdadh fearainn	2021-22
Cothroman sgrùdaidh a chumail airson modailean riaghlaidh ùra a leudaicheas na buannachdan air sealbh fearainn, a' gabhail a-steach Maitheas Coitcheann, riaghladh measgaichte, modailean seilbh priobhaideach agus coimhearsnachd	2021-22
Comhairle a thoirt air na roghainnean an cois Maoin Fearainn na h-Alba le tùsan nas fharsainge de dh'ionmhas gus taic àbhaisteachadh airson sealbh fearann coimhearsnachd	2021
Beachdan eòlais a' Choimisein agus sgrùdadh gus buaidh chòraichean daonna nan ath-leasachaidhean a tha san amharc fhiosrachadh, gu sònraichte air an eadar-ghnìomhachd eadar còraichean agus dleastanan seilbh gus còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarach a thoirt gu buil	2021

Sealbh agus cleachdadh fearainn ciallach

Prìomhachasan	Bliadhna
Brosnachadh agus taic a thoirt do chur an gnìomh pragtaigeach de Phrotocòilean Còraichean agus Dleastanasan Fearainn agus obair-cèis co-cheangailte	A' leantainn
A dhol an sàs le agus taic a chumail ri luchd-ùidh ann a bhith a' cur atharrachaidhean an sàs ann an obair a chaidh a chomharrachadh anns na sgrùdaidhean againn, mar eisimpleir ann an leasachadh gu ùidh an t-sluaigh, talamh falamh agus fàsail, solair talamh fearainn	A' leantainn
Comhairle a thoirt air roghainnean gus cur an gnìomh Aithris air Còraichean agus Dleastanasan Fearainn (LRRS) a neartachadh gus an sgrùdadh ris a bheil dùil ann an 2022 fhiosrachadh, a' gabhail a-steach cothroman gus LRRS a leabachadh ann am poileasaidh poblach san fharsaingeachd, ann am maoineachadh agus mhodhan-libhrigidh	2021-22
Comhairle air sgrùdadh Riaghaltas na h-Alba a tha san amharc air Stiùireadh air a bhith a' cur Choimhearsnachdan sna Co-dhùnaidhean a thaobh Fearainn	2021
Comhairle a thoirt air an ath Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn agus stèidheachadh com-pàirteachasan roinneil air cleachdadh fearainn	2020-21
Lèirmheas a dhèanamh air obair nan àidseantan, gus sgrùdadh adhartais a dhèanamh a thaobh sgrùdadh TFC agus beachdachadh air an ròl nas fharsainge aig àidseantan.	2022-23



Prògram obrach – a' leantainn

Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn

Prìomhachasan	Bliadhna
Crìoch a chur air lèirmheas air margaidh fearann taigheadais	2021
Comhairle a thoirt air cothroman airson talamh falamh agus fàsail ath-nuadhachadh gus slànachadh agus ùrachadh a libhrigeadh agus gus leasachaidhean chisean a dh'fhaodadh a bhith ann gus dèiligeadh ris a' chunnart bho dhileab ùr de sheilbheachdan falamh	2020-21
Comhairle a thoirt air modailean nas fheàrr gus dèiligeadh le cuingealachaidhean seilbh air leasachaidhean, a' gabhail a-steach co-chruinneachadh fearainn agus modhan glacadh luach fearainn	2021-22
Sgrùdadh a dhèanamh air luach talmhainn, a' gabhail a-steach nan diofaran eadar luach margaidh agus eaconamach agus na cùisean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air luachan fearainn anns an eadar-ghluasad gu eaconamaidh iomlan neoni.	2021-23

Coimiseanair Tuathanas Màil

Prìomhachasan	Bliadhna
Taic a chur ri cur an gnìomh Còdaichean Cleachdaidh agus Còdaichean ùra fhoillseachadh airson sgrùdaidhean màil, leigeil seachadan agus sònrachaidhean, le obair-cèis agus ceistean co-cheangailte ris	A' leantainn
Panail a stèidheachadh de luachairean a tha deiseil gus laghan a thaobh leigeil seachad agus sònrachadh a chur an gnìomh	2020-21
Brosnachadh agus barrachd taic a chur ri eadar-mheadhanachadh ann an roinn an àiteachais	2020-21
Sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean gus dèanamh cinnteach gun urrainn do luchd-màil agus uachdarain cur ri agus buannachd fhaighinn bho thargaidean a thaobh atharrachadh sa chliomaid	2021
Taic a chur ri Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' cur an gnìomh nam molaidhean anns an sgrùdadh dhe na fuinceanan aig Coimiseanair Tuathanas Màil	2021

Ar prògram obrach mar a tha e san t-Sultain 2020





SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Cuir fios thugainn

 www.landcommission.gov.scot

 info@landcommission.gov.scot

 01463 423 300



Na dealbhan uile © ListenThinkDraw. Is dòcha gun deach cuid de na h-ìomhaighean atharrachaidh gu ìre bheag, a' gabhail a-steach ath-mheudachadh, leasachadh air na dathan, agus sgrìobhadh Gàidhlig air a chur riutha.

